

OIFIGEIL



Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba

Sgrìobhainn Co-chomhairle

Ath-sgrùdadadh Lìbhrigeadh Seirbheis

An t-luchar 2025

OIFIGEIL

Eachdraidh nan tionndaidhean

Tionndadh	Atharrachadh	Cuin
1	A' chiad thionndadh	Ògmhios 2025

Facal-toisich

Tha luchd-smàlaidh air a bhith a' dìon choimhearsnachdan ann an Alba airson còrr is 200 bliadhna. A-nis ann an 2025, feumaidh sinn ath-sgrùdadadh a dhèanamh air mar a libhrigeas sinn ar seirbheis a h-uile mionaid den latha, a h-uile latha den bhliadhna.

Tha ar luchd-obrach, agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' dìon, airidh air seirbheis smàlaidh is teasairginn ùr-nodha a tha freagarrach airson an ama ri teachd.

Saoilidh mise gur e seo an t-àm ceart airson sùil a thoirt air mar a dh'fhaodadh sinn an t-seirbheis ath-chumadh gus coinneachadh ri cunnartan ùra agus ar goireasan a dhèanamh freagarrach do na h-àiteachan far as mothà a tha feum orra. Is e an fhìrinn gu bheil iarrtas obrachaидh aig cuid de stèiseanan air a dhol sìos. Tha seo gu ìre mar thoradh air oidhirpean casg teine ann an coimhearsnachdan thar grunn bhliadhnaichean agus cùisean sòisealta ag atharrachadh.

Bho chaidh Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba a chruthachadh ann an 2013, chan eil cothrom air a bhith againn atharrachaidhean mòra a dhèanamh. Às dèidh obair chudromach gus cunnart agus iarrtas ann an Alba a thuigsinn, agus às dèidh beachdachadh faiceallach, tha sinn a-nis a' toirt air adhart 23 roghainn airson co-chomhairle phoblach. Chaidh na roghainnean seo a leasachadh thar iomadh mìos le luchd-obrach agus raon farsaing de luchd-ùidh an sàs.

Dh'fhaodadh na tha sinn a' moladh a bhith a' ciallachadh gun dùin sinn cuid de stèiseanan-smàlaidh, gun co-aonaich sinn cuid eile agus gun ùraich sinn no gun ath-thog sinn feedhainn eile. Gu mi-fhortanach, chan eil mòran stèiseanan a' coinneachadh ri riatanasan an latha an-diugh, ach tha sinn airson dèiligeadh ris a' chùis seo cho math 's as urrainn dhuinn le bhith a' cur ar maoineachaидh ris an fheum as fheàrr.

Tha sinn cuideachd airson beachdachadh air cuid de na carbadan èiginn againn ath-shuidheachadh agus pàtran shioftaichean ùr a chur an gnìomh airson luchd-smàlaidh ann an sgìrean sònraichte.

Tuigidh mi gum bi beachdan làidir aig cuid mu na tha fa-near dhuinn agus is e atharrachaidhean susbainteach a tha sinn a' moladh.

Ach, is e a tha gar brosnachadh dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig ar luchd-smàlaidh air an uidheamachd, na goireasan agus an trèanadh as fheàrr as urrainn dhuinn a thoirt dhaibh gus sàbhailteachd luchd-smàlaidh agus coimhersnachdan a leasachadh.

Tha obair neach-smàlaidh an dà chuid dùblanach agus trom, ach air an làimh eile, tha e cuideachd air leth buannachdail. Bidh ar sgiobaidhean a' coinneachadh ri suidheachaidhean dulich agus cunnartach, ach bidh iad cuideachd a' toirt cofhurtachd agus fois-inntinn do dhaoine a tha a' fulang cruaidh chàs.

'S e dreuchd a th' ann a dh'fheumas dìcheall, proifeiseantachd, spèis, fallaineachd agus dealas do shàr-mhathas.

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil ar stèiseanan-smàlaidh agus na goireasan againn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-obrach, oir is iadsan a' mhaoin as prìseil a th' againn.

Agus mar bhuidheann phoblach, chan eil e ach ceart gu bheil sinn cunntachail airson mar a bhios sinn a' cleachdad airgead luchd-pàighidh chìsean. Sin an t-adhbhar a dh'fheumas sinn dòighean-obrach nas innleachdaiche a lorg.

Cumaidh sinn oirnn ag obair gu cruaidh gus muinntir na h-Alba a dhòn - is e sin ar priomhachas, gun teagamh sam bith - ach feumaidh sinn beachdachadh air na bhios sinn a' dèanamh a dhèanamh beagan eadar-dhealaichte.

Faodaidh daoine a bhith cinnteach gun tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh mean air mhean thar grunn bhliadhnaichean.

Feuch gun gabh sibh pàirt anns a' cho-chomhairle phoblaich seo gus ar cuideachadh a' co-dhùnadhan dè an dòigh as fheàrr air ar seirbheis a chumadh airson nam bliadhnaichean ri teachd.

**Prìomh Oifigear Stuart Stevens
Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba**

Clàr-innse

<u>Facal-toisich</u>	3
<u>1. Mu Sheirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba</u>	7
<u>1.1. An luchd-smàlaidh againn</u>	7
<u>1.2. Mar a bhios sinn ag obair</u>	9
<u>1.3. A' freagairt èiginn</u>	10
<u>1.4. Seòrsachan sheirbheisean a bhios luchd-smàlaidh a' lìbhrigeadh</u>	11
<u>2. An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh</u>	12
<u>2.1. Cunnart coimhlearsnachd</u>	12
<u>2.2. Na togalaichean againn agus feum air càradh</u>	13
<u>2.3. RAAC</u>	14
<u>2.4. Faotainneachd luchd-smàlaidh air fuireachas</u>	15
<u>2.5. Buannachdan atharrachaидh</u>	16
<u>2.5.1. Dè na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann?</u>	16
<u>2.5.2. Buannachdan ionmhais</u>	17
<u>3. Mar a rèinig sinn seo</u>	19
<u>3.1. Tarraing air ais innealan rè ùine</u>	19
<u>3.2. Leasachadh roghainnean</u>	20
<u>4. Roghainnean airson atharrachadh</u>	20
<u>4.1. Stèiseanan-smàlaidh neo-ghníomhach airson ùine mhòr</u>	22
<u>4.2. Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Ear</u>	24
<u>4.2.1. Dùn Èideann agus Lodainn an Ear</u>	24
<u>4.2.2. Fiobha</u>	27
<u>4.2.3. Crìochan na h-Alba</u>	32
<u>4.3. Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis a Tuath</u>	35
<u>4.3.1. Baile Dhùn Dè agus Monadh Fotha</u>	35

OIFIGEIL

<u>4.3.2. Peairt is Ceann Rois</u>	<u>38</u>
<u>4.4. Sgìre Libhrigeadh Seirbheis an Iar</u>	<u>39</u>
<u> 4.4.1. Earra-Ghàidheal is Bòd</u>	<u>40</u>
<u> 4.4.2. Siorrachd Dhùn Bhreatann an Ear</u>	<u>41</u>
<u> 4.4.3. Glaschu</u>	<u>43</u>
<u> 4.4.4. Inbhir Chluaidh</u>	<u>47</u>
<u> 4.4.5. Siorrachd Lannraig</u>	<u>51</u>
<u>5. Fiosrachadh a bharrachd</u>	<u>56</u>
<u> 5.1. Beag-fhaclair</u>	<u>56</u>
<u> 5.2. Measadh Buaidh air Co-ionannachd agus Còraichean Daonna</u>	<u>58</u>
<u> 5.4. Gabh pàirt sa cho-chomhairle phoblaich</u>	<u>59</u>
<u> 5.5. Cruthan eile</u>	<u>60</u>
<u> 5.4. Fios conaltraidh</u>	<u>60</u>

1. Mu Sheirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

- 1,585 carbad uile gu lèir
 - 767 inneal-smàlaidh
 - 621 ag obair
 - 85 sa chùl-stòr
 - 61 airson trèanadh
- 7,512 buill de sgioba-obrach SFRS a' gabhail a-steach saor-thoilich
 - 3,422 luchd-smàlaidh làn-ùine
 - 45.5% den iomlan
- 356 stèisean-smàlaidh ann an Alba
 - 42 stèisean-smàlaidh saor-thoileach
 - 74 stèisean-smàlaidh làn-ùine
 - 240 stèisean-smàlaidh air fuireachas

1.1. An luchd-smàlaidh againn

Tha diofar sheòrsaichean luchd-smàlaidh ann. Bidh cuid nan luchd-smàlaidh 'làn-ùine', agus bidh cuid, luchd-smàlaidh 'air fuireachas', a bhios a' freagairt ri tachartasan nuair a tha iad saor airson sin a dhèanamh. Tha saor-thoilich ann cuideachd.

Chan eil luchd-smàlaidh làn-ùine stèidhichte aig a h-uile 356 stèisean-smàlaidh. Gu dearbh, chan eil ach 74 stèisean-smàlaidh 'làn-ùine' ann, a tha a' ciallachadh gu bheil luchd-obrach aca 24/7.

Tha diofar bhuidhnean de luchd-smàlaidh ann an stèiseanan làn-ùine air an roinn ann am 'freiceadain' mar a chanas sinn riutha.

OIFIGEIL

Tha còig freiceadain anns an t-siostam làn-ùine againn agus tha iad air an comharrachadh le dathan – mar eisimpleir Freiceadan Uaine no Freiceadan Geal. Bidh iad ag obair ann an sioftaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil còmhdaich ann 24/7.

Ann am pátran sioft àbhaisteach bithear ag obair dà latha, dà oidhche agus a' gabhail ceithir latha dheth.

Bidh e a' toirt co-dhiù 20 neach-smàlaidh ag obair shioftaichean gus aon inneal-smàlaidh làn-ùine a chumail comasach 24/7. Feumaidh ciad inneal-smàlaidh sgioba de chòignear agus mar sin bhiodh feum air 25 neach-smàlaidh gus a chumail comasach 24/7, ach faodar an dàrna inneal-smàlaidh obrachadh le ceathrar agus mar sin bhiodh feum air 20 neach-smàlaidh uile gu lèir.

Dh'fhaodte siostam sioft-latha, a tha mar-thà ga chleachdadadh ann am Baile Dhùn Lèibhe ann an Lodainn an lar, a chur an gnìomh aig diofar àiteachan sònraichte gus leigeil le luchd-smàlaidh làn-ùine obair eadar 8m agus 6f bho Dhiluain gu Dihaoine, nuair as mothà an t-iarrtas.

'S e stèiseanan air fuireachas a' mhòr-chuid, le 240 àite air feadh na h-Alba. A bharrachd air sin, tha 42 stèisean saor-thoileach ann.

Tha cuid de stèiseanan-smàlaidh ann aig a bheil luchd-smàlaidh làn-ùine agus air fuireachas fo aon mhullach. Canar siostam dleastanais measgaichte ri seo agus tha 23 stèisean ann an-dràsta a bhios ag obair mar seo.

Tha barrachd sgiobaidhean làn-ùine ann an sgìrean bailteil agus barrachd luchd-smàlaidh air fuireachas ann an sgìrean dùthchail.

Chan eil saor-thoilich fo chùmhnant airson a bhith ag obair àireamh shònraichte de dh'uairean agus tha iad air an cleachdadadh airson adhbharan glè chuingealaichte ann an sgìrean dùthchail glè iomallach.

A-mach às na 7,500+ luchd-obrach ann an Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, tha timcheall air dàrna leth nan luchd-smàlaidh làn-ùine.

1.2. Mar a bhios sinn ag obair

Tha a h-uile carbad èiginn againn nan goireasan nàiseanta.

Tha e fior a ràdh nach e an stèisean-smàlaidh ionadail agad fhèin a bhios an-còmhnaidh a' freagairt èiginn. Ma tha iad a-muigh mu thràth ann an àite eile, cuiridh Smachd Obrachaidh an t-inneal-smàlaidh as fhaisge a-mach chun an tachartais.

Tha co-dhiù aon inneal-smàlaidh aig gach stèisean-smàlaidh làn-ùine – ris an canar a' "chiad inneal" - aig a bheil an comas, an uidheamachd agus an ìre criutha gus tòiseachadh air dèiligeadh ri seòrsa sam bith de thachartas.

Mar as trice bhiodh an t-inneal seo air a ghluasad mar phàirt den chiad fhreagairt do theine ann an togalach, tubaist rathaid, tachartas le stuthan cunnartach agus seòrsa sam bith eile de thachartas.

Bidh an ìre sgioba as fheàrr air a' chiad inneal-smàlaidh aig stèisean làn-ùine, le Ceannard Freiceadain os a chionn agus ceathrar bhall eile den chriutha.

Tha an àireamh de charbadan èiginn stèidhichte ann an stèiseanan-smàlaidh caochlaideach. Bidh aon inneal-smàlaidh aig cuid de dh'ài teachan, agus bidh dhà no trì innealan aig cuid eile le diofar chomasan, a bharrachd air carbadan sònraichte eile mar na carbadan uile-fhearinne againn a thathas a' cleachdadadh gus dèiligeadh ri teinteán monaidh.

Mar as trice is ann aig a' chiad inneal-smàlaidh a tha a' bhuaidh as moth aig tachartas.

Bidh dàrna agus treas inneal, agus uaireannan barrachd nuair a tha an tachartas mòr, a' toirt taic don chiad inneal-smàlaidh agus faodar an gluasad bho àite sam bith eile.

Tha eadar-dhealachaidhean beaga ann a thaobh sgioba agus uidheamachd air na h-innealan sin.

Ach tha iad uile a' toirt taic do dh'obair aig tachartasan an ìre mhath san aon dòigh.

1.3. A' freagairt èiginn

Tha luchd-smàlaidh sgileil a' dèiligeadh ri mòran sheòrsaichean èiginn eadar-dhealaichte, leithid teintean, tuiltean agus tubaistean rathaid.

Tha comasan sònraichte aig cuid de sgiobaidhean – leithid teasairginn uisge no ròpa – agus bidh iad ag obair gu roinneil agus gu nàiseanta. Tha na stèiseanan-smàlaidh a' cumail uidheamachd agus carbadan speisealta airson luchd-obrach le trèanadh speisealta.

Faodar aon sgioba a thrèanadh agus a ghoireasachadh airson iomadh comas - canar 'dùblachadh sgioba' ri seo, rud a tha cumanta.

Ma thachras cùis èiginn, nuair a gheibh iad gairm 999, curidh luchd-obrach stèidhichte aig na trì ionadan Smachd Obrachaidh againn, ann am Baile Iain, Dùn Èideann agus Dùn Dè, an t-inneal-smàlaidh (no na h-innealan) as fhaisge a tha ri fhaighinn chun na làraich. Nuair a ruigeas iad, faodaidh ceannard an tachartais barrachd ghoireasan iarraigd ma tha feum orra bho Smachd Obrachaidh a nì cinnteach gun tèid barrachd luchd-obrach agus innealan a chur chun na làraich.

Feumaidh co-dhiù ceathrar luchd-smàlaidh a bhith aig inneal-smàlaidh mus tèid e amach.

Feumaidh a' mhòr-chuid de thachartasan air feadh na h-Alba aon no dà inneal-smàlaidh a bhith an làthair gus a bhith sàbhailte. Ach uaireannan faodaidh

tachartasan a bhith iom-fhillte no fada agus feumaidh iad barrachd ghoireasan no luchd-obrach le sgilean sònraichte.

Tha na roghainnean san sgriobhainn seo a' toirt a-steach atharrachaidhean air innealan pumpaidh – ris an canar innealan, no einnseanan-smàlaidh no pumpaichean teasairginn.

Chan eil atharrachadh sam bith air goireasan speisealta a' tighinn fo raon Ath-sgrùdadhbh Èibhrigeadh Seirbheis agus dh'fheumadh Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba
ath-sgrùdadhbh fa leth a dhèanamh air a' chùis sin.

1.4. Seòrsachan sheirbheisean a bhios luchd-smàlaidh a' Èibhrigeadh

'S e teintean a tha fhathast a' dèanamh suas a' mhòr-chuid de na tachartasan cudromach ris am bi sgiobaidean a' dèiligeadh, ach tha an àireamh de theintean air lùghdachadh thar ùine.

Mar eisimpleir, tha teintean taighe aig an ìre as ìsl e a-riamh. Chaidh 4,249 teintean taighe a chlàradh ann an 2023-24, a tha timcheall air 20% nas lughna ann an 2013-14.

Tha an àireamh dhaoine a chaidh a ghoirteachadh ann an teintean air lùghdachadh gu cunbalach bho thoiseach nan 2000an. Chaidh 815 daoine a leòn gu neo-mharbhtach ann an teine ann an 2023-24, sìos bho 922 sa bhliadhna roimhe sin (lùghdachadh de 11.6%).

Tha an staitistig tachartais as ùire againn, a bhios sinn a' foillseachadh gach bliadhna, a' sealltainn gun deach sinn gu còrr is 24,000 teine rè bliadhna agus còrr air 16,000 tachartas neo-theine.

Tha rabhaidhean meallta a' dèanamh suas timcheall air dàrna leth de na tachartasan uile, ach tha SFRS air ceumannan a ghabhail gus buaidh nan tachartasan sin a lùghdachadh le bhith ag atharrachadh mar a bhios sinn a' freagairt rabhadh bho chuid de thogalaichean malairteach.

Ach tha na seòrsaichean thachartasan ris am bi sinn a' freagairt ag atharrachadh, le barrachd èiginn co-cheangailte ri aimsir, leithid milleadh stoirm no tuiltean, a bharrachd air teintean mòra monaидh.

Tha SFRS air prìomhachas a thoirt do thasgadh anns na raointean sin le 20 bàta teasairginn-uisge sònraichte agus 25 stèisean teine monaïdh sònraichte air feadh na h-Alba.

Tha na coimhairsnachdan againn ag atharrachadh cuideachd le barrachd dhaoine a' fuireach nas fhaide aig an taigh. Tha cuid de dhaoine so-leònte agus feumach air taic a bharrachd, agus feumaidh sinn atharrachadh gus coinneachadh ris na feumalachdan sin.

Bidh ar luchd-obrach ag obair gu cruidh gus coimhairsnachdan, dachaighean agus gnìomhachasan a dhèanamh nas sàbhailte le obair casg airson cunnart a lùghdachadh gun tòisich teine. An lùib an t-seòrsa obrach seo tha Tadhalan Sàbhailteachd Teine san Dachaigh do na daoine as so-leònte airson comhairle a thoirt seachad air mar a chuireas tu stad air teintean bho bhith a' tachairt sa chiad àite.

2. An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh

2.1. Cunnart coimhairsnachd

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil na stèiseanan-smàlaidh, na h-innealan agus an luchd-obrach againn stèidhichte anns na h-àiteachan as freagarrache gus coinneachadh ri feumalachdan ar coimhairsnachdan an-diugh agus san àm ri teachd.

OIFIGEIL

Tha sinn air bliadhnaichean a chaitheamh a' togail ar n-eòlais air mar a tha cunnart coimhairsnachd ag atharrachadh air feadh na h-Alba tro bhith a' leasachadh ar Modail Clàr-amais Cunnart Coimhairsnachd.

Tha am modail seo a' beachdachadh air dàta bho thachartasan eachdraidheil agus a' cruinneachadh fiosrachadh mu na daoine air a bheil sinn a' frithealadh, a' gabhail a-steach càite bheil iad, lìonra nan rathaidean, na seòrsaichean thogalaichean agus na h-àrainneachdan anns a bheil iad a' fureach, a bharrachd air an dòigh anns am faodadh nàdar buaidh a thoirt orra.

Tha am modaileadh a rinn sinn air sealltainn nach eil cuid de stèiseanan agus innealan anns na h-àiteachan ceart gus coinneachadh ri cunnart agus iarrtas.

Tha sinn air an t-eòlas seo a chleachdad gus fiosrachadh a thoirt do na roghainnean uile airson atharrachadh.

2.2. Na togalaichean againn agus feum air càradh

Tha 356 stèisean-smàlaidh aig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba stèidhichte ann an coimhairsnachdan air feadh na h-Alba.

Tha na togalaichean eadar-dhealaichte a thaobh cruth agus càileachd nan goireasan a tha annta. Ann am beagan àiteachan dùthchail, is e seada no aonad stòraidh a th' aca an àite stèisean-smàlaidh.

Chosgadh e timcheall air £800 millean gus na goireasan uile, a' gabhail a-steach cabhlach nan carbadan agus uidheamachd, a thoirt suas gu na h-inbhean riatanach. Cha ghabh seo a dhèanamh leis a' mhaoineachadh a tha againn.

Mura dèan sinn atharrachadh mòr air libhrigeadh ar seirbheis, cha tèid againn air an obair càraidh uile a tha a dhìth a dhèanamh. Agus cha b' e an cleachdad a b' fheàrr

OIFIGEIL

de dh'airgead poblach a bharrachd, nuair a tha fios againn nach eil cuid de stèiseanan san àite cheart.

Mar sin, bhiodh lughdachadh meud stèiseanan nach eil freagarrach tuilleadh no nach eil san àite cheart na chuideachadh le bhith a' lughdachadh eallach nan cosgaisean càraidh.

Tha mòran stèiseanan-smàlaidh cuideachd as aonais riatanasan an latha an-diugh leis nach eil taighean-beaga agus frasan aon-neach aca. Tha e deatamach gum faod luchd-smàlaidh an glanadh fhèin às dèidh dhaibh a bhith aig tachartasan far a bheil cunnart bho stuthan puinnseanta.

2.3. RAAC

Tha Concrait Neartaichte Adharaichte Autoclave (RAAC) ann an structar mullaich 14 stèiseanan-smàlaidh, agus feumar an seòrsa concrait sin a chàradh.

Is iad na h-àiteachan air a bheil buaidh Crewe Toll, Comar nan Allt, Dail Chèith, Galashiels, Hawick, Baile Eilidh, Hunndaidh, Liberton, Baile Dhùn Lèibhe, Marionville, Muileann Ghaidh, Port Rìgh, Stewarton agus Tranent.

Tha sinn air ceumannan sàbhailteachd sealach, cosgail a ghabhail gus obair a chumail a' dol bho na h-àiteachan seo agus tha e na phrìomhachas dèiligeadh ris a h-uile stèisean RAAC rè nan còig bliadhna a tha romhainn.

Tha sinn air RAAC a chàradh ann an Galashiels mu thràth agus tha sinn dealasach a thaobh ath-thogail aig Dail Chèith agus Liberton.

Tha Crewe Toll às an àbhaist oir dh'fhaodadh loidhne trama ùr ann an Dùn Èideann buaidh a thoirt air, agus mar sin chan eil e comasach obair càraidh sam bith a thòiseachadh air an-dràsta.

Tha obair aig sia làraichean a' feitheamh air toradh na co-chomhairle phoblaich seo.

Tha seo air sgàth nach urrainn dhuinn tòiseachadh air obair càraighean gus an tèid co-dhùnad a dhèanamh air rèiteachadh an stèisein agus an siostam obrach.

Mar eisimpleir, dh'fhaodadh atharrachadh gu uairean sioft-latha cruth stèisein-smàlaidh atharrachadh leis nach biodh feum air an eagrachadh a bha a dhìth airson an t-seann phàtran dleastanais tuilleadh.

2.4. Faotainneachd luchd-smàlaidh air fuireachas

Tha cruinn-eòlas na h-Alba a' ciallachadh gu bheil Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba an urra ri luchd-smàlaidh a tha air fuireachas.

Bidh an luchd-smàlaidh seo a' freagairt ri èiginn nuair a bhios feum orra agus thèid rabhadh a thoirt dhaibh tro shiostam pèidseir. Mar as trice bidh obraichean eile aca sa choimhairsnachd agus bidh iad a' cothromachadh an dà dhreuchd.

Faodaidh e bhith duilich a bhith air fuireachas tron latha airson grunn adhbharan, leithid gum feum daoine a bhith air falbh gun phlanadh, saor-làithean, agus geallaidhean eile, rud a tha cumanta ann an rèiteachadh obrach iom-fhìllte luchd-obrach páirt-ùine.

Mar as trice feumaidh luchd-obrach air fuireachas a bhith a' fuireach taobh a-staigh còig mionaidean bhon stèisean-smàlaidh agus feumaidh co-dhiù ceathrar luchd-smàlaidh a bhith aig inneal-smàlaidh mus tèid carbad a-mach.

Chaidh teirmichean is cumhaichean luchd-smàlaidh air fuireachas a leasachadh agus is urrainn dhuinn a-nis cùmhnnantan nas sùbailte a thoirt seachad gus cothromachadh obrach is beatha nas fheàrr a dhèanamh comasach. Ach tha sinn ag aithneachadh gu bheil dùblain fastaidh ann an cuid de dh'èiteachan.

Bidh cuid de luchd-obrach ag obair ann an dreuchdan làn-ùine agus air fuireachas fo chùmhnantan fa leth, ach am measg nan uairean dleastanais uile feumaidh amannan fois iomchaidh a bhith aca gus nach bi an slàinte is sàbhailteachd fhèin ann an cunnart, no slàinte is sàbhailteachd chàich.

A bharrachd air siostam shioftaichean-latha a thoirt a-steach ann an cuid de dh'èiteachan, tha sinn a' coimhead ri bun-sgiobaidhean a leasachadh.

Tha bun-sgioba air a dhèanamh suas de luchd-smàlaidh làn-ùine a dh'haodar a chleachdad gu ro-innleachdach thar sgìre gus freagairt ri tachartasan tron latha nuair a bhios luchd-smàlaidh air fuireachas duilich fhaighinn.

Faodaidh na sgiobaidhean seo obair còmhla air aon inneal-smàlaidh no faodar an cur a-mach thar sgìre a chur ri luchd-smàlaidh air fuireachas airson an ìre criutha no na sgilean a dhèanamh suas gus am bi innealan-smàlaidh deiseil a dhol gu tachartasan.

2.5. Buannachdan atharrachaidh

2.5.1. Dè na buannachdan a dh'haodadh a bhith ann?

Ceadachidh atharrachaidhean gun tèid goireasan a chuimseachadh air na sgìrean far as mothà a tha feum orra, agus gheibh an luchd-obrach agus na coimhearsnachdan buannachd à seo.

Dh'haodte cuid de na togalaichean againn ùrachadh no ath-thogail, agus dh'haodte cuid eile nach eil freagarrach tuilleadh a dhùnad, rud a leanadh gu cosgaisean ruith na b' ìse.

Chan eil e cosg-èifeachdach stèiseanan-smàlaidh a tha neo-ghniomhach fad ùine mhòir a chumail suas no tòrr obrach a dhèanamh air togalaichean gus an toirt suas gu ìrean an latha an-diugh ann an àiteachan far a bheil iarrtas ìosal.

OIFIGEIL

Tha sinn airson goireasan, leithid innealan agus luchd-obrach, nach eil ann an àite freagarrach a għluasad gu pàirtean eile den t-Seirbheis.

Mar eisimpleir, bu mhath leinn barrachd luchd-teagaisg trèanaidh agus ma chuireadh sinn às do dhreuchdan ann an sgirean far a bheil iarrtas īosal dh'fhaodadh sinn daoine a għluasad don raon-obrach seo, rud a leasaicheadħ sàbhailteachd luchd-smàlaidh aig a' cheann thall.

Tha sinn airson barrachd a thasgadh ann an casg theinntean cuideachd. Tha Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba anabarrach àrd-mhiannach a thaobh cunnart coimhearsnachd a lughdachadh.

Seo cùis far am faodadh sinn grunn luchd-obrach a għluasad gu pròiseactan cudromach, leithid sgrùdaidhean sàbhailteachd teine no conaltradh òigridh.

Bhiodh e buannachdail sgiobaidhean sònraichte a neartachadh gus ar n-obair a leudachadh air ullachadh airson tubaistean, a tha a' gabhail a-steach cumail suas haidrantan, no dealbhadh airson tachartasan mòra a' tighinn a dh'Alba.

Tha sgìrean mòra ann an Alba cuideachd a tha an urra ri luchd-smàlaidh a tha air fuirechas agus faodaidh faotainneachd a bhith na dhùbħlan. Air an adhbhar sin, feumaidh sinn smaoineachadh air mar as fheàrr a bheir sinn taic do na sgìrean dùthchail sin san àm ri teachd. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh cuid de għoireasan làn-ùine a chur do na sgìrean sin aig amannan trang tron latha.

2.5.2. Buannachdan ionmhais

Gun teagamh bidh buannachdan ionmhais an lùib dùnadh stèiseanan a th' air a bhith neo-ghniomhach ûine mhòr agus an fheadhainn nach eil freagarrach tuilleadh gus coinneachadh ri cunnart coimhearsnachd.

Am-bliadhna (2025-26), fhuair Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba £47 millean airson a' bhuidseat calpa againn, a tha nas àirde na bliadhnaichean roimhe,

OIFIGEIL

ach chan eil gealladh sam bith ann gum fuirich maoineachadh san àm ri teachd aig an ìre seo. Tha am buidseat calpa air a riarrachadh air togail is leasachadh somhaoin, a tha a' gabhail a-steach togalaichean, carbadan, uidheam agus ICT.

Chosgadh e timcheall air £800 millean gus na goireasan uile, a' gabhail a-steach carbadan agus uidheam, a thoirt suas gu na h-inbhean riatanach, rud nach eil reusanta leis a' mhaoineachadh a tha ri fhaighinn.

Mura dèan sinn atharrachadh mòr air lìbhrigeadh ar seirbheis cha tèid againn air an obair càraidh uile a tha a dhìth a dhèanamh.

Mar sin, bhiodh lughdachadh meud stèiseanan nach eil freagarrach tuilleadh na chuideachadh le bhith a' lughdachadh eallach nan cosgaisean càraidh.

Tha buidseat ghoireasan Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba a' còmhdaich cosgaisean luchd-obrach.

Bheir e 25 neach-smàlaidh gus aon chiad inneal-smàlaidh làn-ùine a ruith 24/7. Tha seo a' cosg timcheall air £1.1 millean gach bliadhna gach inneal.

Air an adhbhar sin, ann an àiteachan far a bheil iarrtas ìosal, faodar sàbhalaidhean a dhèanamh le bhith a' gluasad luchd-obrach gu àiteachan agus dreuchdan nas freagarraiche.

Is e dòigh-obrach fad-ùine a tha seo airson Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba a dhèanamh nas seasmhaiche.

Tha sinn cuideachd dealasach a thaobh ar lorg-coise carboin a lughdachadh, a bhios a' ciallachadh tasgadh ann an togalaichean agus carbadan nas èifeachdaiche a thaobh lùthha.

3. Mar a ràinig sinn seo

3.1. Tarraing air ais innealan rè ùine

Ann an 2023, dh'aontaich Bòrd Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba deich innealan-smàlaidh a thoirt a-mach à seirbheis rè ùine agus a-nis tha feum air fuasgladh maireannach.

Chuir an dòigh-obrach seo ri sàbhaladh bliadhnailean de £11m, ach feumaidh seo a bhith na shàbhaladh seasmhach.

B' e làrnach no an treas innealan-smàlaidh a bh' anns na deich innealan le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine stèidhichte ann am Baile Ghobhainn, Cowcaddens agus Cnoc Mairi ann an Glaschu, Kingsway East ann an Dùn Dè, Grianaig ann an Inbhir Chluaidh, Peairt, Hamaltan ann an Lannraig, a bharrachd air Gleann Rathais, Meadh-chill agus Dùn Phàrlain ann am Fiobha.

Stèidhich sinn an co-dhùnadhar seo air càite am biodh a' bhuaidh bu lugha aig tarraing air ais agus tha sinn air a bhith a' cumail sùil air seo.

Is e na lorg sinn nach robh buaidh mhòr aig toirt air falbh nan innealan seo air amannan freagairt a' chiad innealan a' ruighinn na làraich, ach bha buaidh ann air amannan freagairt an làrnach innealan-smàlaidh a' siubhal bhon àite a b' fhaisge a bha ri fhaighinn.

Gu deatamach, cha robh fianais sam bith ann air atharrachadh air toraidhean obrachaidean.

A dh'aindeoin sin, tha sinn air ath-sgrùdadhar a dhèanamh air cuid de na co-dhùnidhean seo agus thèid làrnach innealan a chur air ais ann an àiteachan taghte far a bheil iarrtas a' sealltainn gu bheil feum orra.

Tha teicneòlas ùr agus carbadan teasairginn aig àirde sònraichte gan cur an àite cuid de na h-innealan seo, leithid a' cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde.

3.2. Leasachadh roghainnean

An-uirdh rinn sinn eacarsaich ro-cho-chomhairle, 'A' Cruthachadh ar Seirbheis san Àm ri Teachd: Do Bheachd' a chuidich le bhith a' fiosrachadh ar co-dhùnaidhean. Chaidh cuireadh a thoirt do na riochdairean tagte uile bho phàrlamaidean na h-Alba agus na RA agus na 32 ùghdarrasan ionadail uile pàirt a ghabhail san eacarsaich seo, còmhla ri ar luchd-obrach, aonaidhean-ciùird, buill den phoball, agus prìomh chompàirtichean.

Aig deireadh a' Giblein 2025, choinnich buidheann de luchd-ùidh (a' gabhail a-steach luchd-obrach SFRS, prìomh bhuidhnean compàirteach luchd-ùidh, aonaidhean-ciùird, agus buill den phoball) ann an Sruighlea a bheachdachadh air an liosta dhereannach de roghainnean atharrachaидh airson fiosrachadh na bhiodh sa cho-chomhairle phoblaich fhoirmeil as t-samhradh.

Chaidh na roghainnean uile san sgriobhainn seo a sgòradh nam pàirt den phròiseas ro-cho-chomhairle le riochdairean bho bhuidhnean compàirteach luchd-ùidh agus buill den phoball a bharrachd air buidhnean riochdachaidh luchd-obrach.

Chaidh an sgòradh a thaobh buaidh air luchd-obrach, buaidh air coimhearsnachdan, ionmhas, lìbhrigeadh agus seasmhachd.

Gheibhear aithisg shlàn air a' phròiseas Leasachadh is Measadh Roghainnean air làrach-lìn SFRS.

4. Roghainnean airson atharrachadh

Tha 23 roghainn ann airson atharrachadh, a' toirt a-steach còrr is 30 stèisean-smàlaidh coimhearsnachd, air an sgaoileadh thairis air còrr is dàrna leth de na h-ùghdarrasan ionadail uile ann an Alba, nam measg:

Stèiseanan-smàlaidh neo-ghniomhach airson ùine mhòr

Caol an t-Snàimh, Earra-Ghàidheal is Bòd

Cearara, Earra-Ghàidheal is Bòd

Eilean nam Muc, A' Ghàidhealtachd

Obar Neithich, A' Ghàidhealtachd

Ràtagan, A' Ghàidhealtachd

Coire Craobhaidh, Arainn, Siorrachd Àir a Tuath

Fetlar, Sealainn

A' Chròn-Làraich. Siorrachd Shruighlea

Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Ear

Dùn Èideann agus Lodainn an Ear - Marionville, Talla na Creige Nuadh, Baile nam Feusgan, Tranent

Fìobha - Dùn Phàrlain, Loch Geallaidh, Meadh-chill, Gleann Rathais

Na Crìochan - Hawick, Galashiels

Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis a Tuath

Baile Dhùn Dè agus Monadh Fotha - Baile Mosaidh, Kingsway East

Peairt is Ceann Rois - Peairt

Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Iar

Earra-Ghàidheal is Bòd - Baile Eilidh

Siorrachd Dhùn Breatann an Ear - Muileann Ghaidh

Glaschu - Cnoc Màiri, Yorkhill, Baile Ghobhainn, Allt an Fhuarain, Cowcaddens

Inbhir Chluaidh - Grianaig, Port Għlaschu

Siorrachd Lannraig - Comar nan Allt, Hamaltan, Bellshill, Lios MoFhèige

4.1. Stèiseanan-smàlaidh neo-ghniomhach airson ùine mhòr

Tha sinn a' moladh ochd stèiseanan-smàlaidh a tha air an liosta gu h-ìosal a dhùnad, stèiseanan nach eil air a bhith ag obair fad grunn bhliadhnaichean. Chan eil togalaichean stèisean-smàlaidh aig cuid de na làraichean seo sa choimhearsnachd. Dh'fhaodadh gur e seada no goireas stòraidh a th' aca an-dràsta.

Tha luchd-smàlaidh air fuireachas sna stèiseanan seo, air am fastadh fo ar siostam dleastanas glèidhte no saor-thoileach.

Ach cha robh cuid de làraichean comasach air an àireamh as lugh a luchd-obrach le sgilean iomchaidh a chumail suas gus inneal-smàlaidh a ruith. Chan eil sgioba idir aig cuid eile.

Rinneadh a h-uile oidhirp reusanta gus luchd-obrach gu leòr fhastadh san sgìre ach cha robh iad soirbheachail.

Ma dhùineas stèisean, thèid co-chomhairle a chumail ri gach ball den luchd-obrach air fuireachas air a bheil buaidh agus thèid oidhirpean a dhèanamh gus cosnadh eile

OIFIGEIL

iomchaidh a thoirt seachad. Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach ath-thrèanadh, ath-shuidheachadh no luchd-obrach a chur ann an dreuchdan eile. Is ann a-mhàin ma thèid a h-uile roghainn a sgrùdadadh agus mura lorgar fuasgladh eile gur dòcha gum feumar beachdachadh air anabarrachd.

Stèisean-smàlaidh	Cùl-fhiosrachadh	Goireasan Làithreach	Luchd-obrach (Tha/Chan eil)
Caol an t-Snàimh, Earra-Ghàidheal is Bòd (Chan eil togalach ann)	Neo-ghniomhach bho ro 2015.	Aon inneal-smàlaidh ultra-aotrom. Is e seada a th' ann an-dràsta.	Tha
Cearara, Earra-Ghàidheal is Bòd	Neo-ghniomhach bho 2020.	Aon inneal-smàlaidh ultra-aotrom.	Tha
Eilean nam Muc, A' Ghàidhealtachd (Chan eil togalach ann)	Neo-ghniomhach bho ro 2015.	Aon aonad stòraidh bogsa-trèilear.	Chan eil
Obair Neithich, A' Ghàidhealtachd (Chan eil togalach ann)	Neo-ghniomhach bho ro 2015.	Aon inneal-smàlaidh aotrom	Chan eil
Ràtagan, A' Ghàidhealtachd	Neo-ghniomhach bho ro 2015.	Aon inneal-smàlaidh aotrom	Chan eil
Coire Craobhaidh, Arainn, Siòrrachd Àir a Tuath	Neo-ghniomhach bho 2022. Suidhichte faisg air dà stèisean eile.	Aon inneal.	Tha

Stèisean-smàlaidh	Cùl-fhiosrachadh	Goireasan Làithreach	Luchd-obrach (Tha/Chan eil)
Fetlar, Sealainn	Neo-ghniomhach bho ro 2015.	Aon inneal-smàlaidh aotrom	Chan eil
A' Chròn-Làraich. Siorrachd Shruighlea	Neo-ghniomhach bho ro 2016.	Aon inneal.	Chan eil

4.2. Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Ear

Tha Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Ear a' còmhdach Baile Dhùn Èideann, An Eaglais Bhreac, Lodainn an Iar, Siorrachd Chlach Mhanainn, Fiobha, Sruighlea, Meadhan Lodainn, Lodainn an Ear agus Crìochan na h-Alba.

Tha ceithir roghainnean ann airson atharrachadh ann an Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an Ear

4.2.1. Dùn Èideann agus Lodainn an Ear

Tha aon roghainn ann airson Dùn Èideann agus Lodainn an Ear anns a bheil ceithir stèiseanan-smàlaidh.

- Marionville
- Baile nam Feusgan
- Talla na Creige Nuadh
- Tranent

Roghainn:

- Dùin Marionville far a bheil aon inneal-smàlaidh air a bheil luchd-smàlaidh làn-ùine ag obair. Gluais an t-inneal-smàlaidh seo gu Talla na Creige Nuadh agus meudaich an stèisean seo gus am bi dà inneal-smàlaidh làn-ùine ann; **AGUS**

OIFIGEIL

- Dùin stèisean Baile nam Feusgan far a bheil aon inneal-smàlaidh air a bheil luchd-smàlaidh làn-ùine ag obair. Gluais an t-inneal-smàlaidh seo gu stèisean ùr aig Tranent agus meudaich an stèisean seo gus am bi dà inneal-smàlaidh ann, aon air a bheil luchd-smàlaidh làn-ùine ag obair agus aon air a bheil luchd-smàlaidh air fuireachas ag obair.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha RAAC ann am Marionville agus Tranent agus feumaidh iad càradh sa bhad. Tha làrach Bhaile nam Feusgan daor agus chan eilear ga mheas freagarrach tuilleadh.

Le Marionville cho faisg air Rathad MhicDhòmhnaill, dh'fhaodadh sinn na ceithir stèiseanan seo a chur còmhla ann an dhà gus goireasan a riachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche airson coinneachadh ri cunnart agus iarrtas air feadh taobh an ear Dhùn Èideann agus Lodainn an Ear.

Bhiodh e glè dhaor Marionville a leagail agus ath-thogail far a bheil e an-dràsta agus chan eil an làrach nas fheàrr a chaidh a chomharrachadh ann an Duddingston ri fhaighinn agus bhiodh e ro dhaor.

Fhuair Talla na Creige Nuadh ùrachadh luach £2.6 millean agus faodaidh e àite a thoirt do dhàrna inneal-smàlaidh làn-ùine bho Mharionville

Le bhith a' cur inneal-smàlaidh eile ri Talla na Creige Nuadh, chan eil mòran buannachd ann a bhith a' cumail stèisean Bhaile nam Feusgan far a bheil an-dràsta, a tha cuideachd ga mheas neo-fhreagarrach.

Feumaidh sinn Tranent ath-thogail agus mar sin dh'fhaodadh sinn stèisean ùr a chur na àite le inneal-smàlaidh làn-ùine a bharrachd.

OIFIGEIL

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
Marionville	Sgioba làn-ùine: aon inneal		
Baile nam Feusgan	Sgioba làn-ùine: aon inneal		Gluais dà inneal-smàlaidh làn-ùine
Talla na Creige Nuadh	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Sgioba làn-ùine: dà inneal	Dùin dà stèisean-smàlaidh
Tranent	Sgioba air fuireachas: aon inneal	Sgioba làn-ùine: aon inneal Sgioba air fuireachas: aon inneal	Ath-thog agus leudaich stèisean-smàlaidh

Buannachdan

- Sgaoileadh ghoireasan nas èifeachdaiche air feadh taobh an ear Dhùn Èideann agus Lodainn an Ear.
- Faodaidh Talla na Creige Nuadh dàrna inneal-smàlaidh a ghabhail agus dhèanadh seo am feum as fheàrr den an tasgadh an sin.
- Thèid dèiligeadh ri RAAC aig Tranent agus Marionville.
- Chan eil làrach Bhaile nam Feusgan freagarrach agus thèid an sgioba a għluasad gu stèisean ùr.
- Sàbhaladh calpa iomlan de mu £24 millean air sgàth nach fheumar stèiseanan Marionville agus Baile nam Feusgan ath-thogail no ùrachadh.
- Bheireadh reic trì làraich - Marionville, Baile nam Feusgan agus Tranent - timcheall air £1.1 millean de theachd-a-steach airson tasgadh ann an stèiseanan eile.
- Dheigheadh sàbhaladh de mu £229,000 ann an cosgaisean ruith bliadhnaidh ath-riarachadh.

- Dh'fhaodte còignear luchd-obrach a ghluasad gu dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaидh.

Eas-bhuannachdan

- Bhiodh amannan freagairt a' chiad inneil beagan nas fhaide anns an sgìre as fhaisge air Marionville agus Baile nam Feusgan.
- Tha àm dùnadh Bhaile nam Feusgan agus gluasad an inneil an urra ri togalach ùr aig Tranent.
- Feumar tasgadh de £10 millean airson togalach ùr aig Tranent.

4.2.2. Fiobha

Tha dà roghainn air am moladh airson Fiobha a tha a' toirt a-steach ceithir stèiseanan-smàlaidh.

- Dùn Phàrlain
- Gleann Rathais
- Loch Geallaidh
- Meadh-chill

Roghainn 1

- Cuirinneal-smàlaidh teasaирginn aig àirde sònraighe an àite an treas inneal-smàlaidh aig Dùn Phàrlain, a tha na cho-inneal pumpa teasaирginn aig àirde (CARP). Chaidh an treas inneal-smàlaidh (CARP) a thoirt air falbh rè ùine agus inneal-smàlaidh teasaирginn aig àirde a chur na àite san t-Sultain 2023; AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Loch Geallaidh bho dhà gu aon; AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Meadh-chill bho dhà gu aon. Chaidh an làrnach inneal-smàlaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023; AGUS
- Cuir air ais an làrnach inneal-smàlaidh a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023 ann an Gleann Rathais.

Roghainn 2

- Cuir inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte an àite an treas inneal-smàlaidh aig Dùn Phàrlain, a tha na cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP). Chaidh an treas inneal-smàlaidh (CARP) a thoirt air falbh rè ùine agus inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde a chur na àite san t-Sultain 2023; AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Loch Geallaidh bho dhà gu aon; AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Gleann Rathais bho dhà gu aon. Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023; AGUS
- Cuir air ais an dàrna inneal-smàlaidh a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023 ann am Meadh-chill.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

San t-Sultain 2023, b' fheudar do Sheirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba deich de na h-innealan làn-ùine aca a thaghadh airson an toirt a-mach à seirbheis rè ùine, air sgàth gainnead airgid. Bha seo a' toirt a-steach trì ann am Fiobha agus tha feum air fuasgladh co-ionann maireannach a-nis.

Bha dà inneal-smàlaidh làn-ùine stèidhichte an sin aig trì stèiseanan-smàlaidh ann am Fiobha - Loch Gheallaidh, Gleann Rathais agus Meadh-chill. Ach chaidh an comharrachadh mar an fheadhainn le cuid den iarrtas as lughannan an Alba agus chomharrach modaireadh nach robh ach buaidh bheag aig toirt air falbh dàrna innealan bho dhà de na stèiseanan sin air amannan freagairt.

Chaidh trì innealan a thoirt air falbh rè ùine ann am Fiobha san t-Sultain 2023.

Bha seo a' gabhail a-steach inneal teasairginn aig àirde sònraichte a chur an àite an treas co-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP) aig Dùn Phàrlain.

OIFIGEIL

Air sgàth dìth ùine airson comas teasairginn ròpa speisealta Loch Geallaidh ath-shuidheachadh, cha deach an stèisean a thaghadh mar àite airson innealan a thort air falbh rè ùine agus chaidh na stèiseanan beagan nas trainge aig Gleann Rathais agus Meadh-chill a thaghadh na àite.

An-dràsta tha tòrr ghoireasan againn ann am Fiobha an coimeas ri iarrtas nan stèiseanan sin agus an coimeas ri sgìrean ionann eile ann an Alba.

Tha trì innealan làn-ùine aig Dùn Phàrlain an-dràsta. Is e CARP an treas fear. Tha an t-iarrtas airson an inneil seo glè iosal, agus tha sinn a' cur innealan teasairginn aig àirde sònraichte an àite a h-uile CARP air feadh na h-Alba.

Tha an t-iarrtas aig Loch Geallaidh, Gleann Rathais agus Meadh-chill am measg an fheadhainn as ìsele de na stèiseanan làn-ùine uile ann an Alba aig a bheil dà inneal-smàlaidh làn-ùine; agus tha e nas fhaisge air iarrtas stèiseanan le aon inneal. Tha modaileadh obrachaiddh a' sealltainn gum biodh e gu leòr a dhà de na h-àiteachan sin atharrachadh gu aon inneal.

Bho Sultain 2023, tha iarrtas stèisean Loch Geallaidh beagan nas àirde na iarrtas stèisean Ghleann Rathais no Meadh-chill. Tha seo air sgàth nach robh uiread innealan aig na stèiseanan sin ri chleachdad, agus mar thoradh air sin bha an dà inneal-smàlaidh ann an Loch Geallaidh a' togail cuibhreann nas mothach den ghnìomhachd obrachaiddh.

Tha clàr-ama cur an gnìomh còig-bliadhna an Ath-sgrùdadh Lìbhrigeadh Seirbheis air leigeil le SFRS ath-bheachdachadh air tarraing air ais an dàrna inneal-smàlaidh à Loch Geallaidh agus beachdachadh am b' fheàrr sin na tarraing air ais à Gleann Rathais agus Meadh-chill.

Chaidh tarraing air ais an dàrna inneal-smàlaidh à Loch Geallaidh a chomharrachadh mar an rud a bheireadh a' bhuaidh as lugh a amannan freagairt.

OIFIGEIL

Roghainn 1

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Dùn Phàrlain	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal, aon cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde</p> <p>Nòta: Chaidh an treas inneal, co-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP), a tharraing air ais rè ùine mar inneal-smàlaidh pumpaidh agus chaidh obrachadh mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte.</p>	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal-smàlaidh agus carbad teasairginn aig àirde sònraichte</p>	Tarraing air ais dà inneal-smàlaidh gu maireannach agus inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte ga chur an àite co-inneal pumpa teasairginn aig àirde.
Loch Geallaidh	Sgioba làn-ùine: dà inneal	Sgioba làn-ùine: aon inneal	
Meadh-chill	Sgioba làn-ùine: dà inneal (Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023.)	Sgioba làn-ùine: aon inneal	

Buannachdan

- An dàrna inneal-smàlaidh ga chur air ais ann an Gleann Rathais.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £2.4 millean ann an cosgais ruith bhliadhnaile.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an dàrna agus an treas inneal-smàlaidh beagan nas fhaide san sgìre ionadail.

Roghainn 2

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Dùn Phàrlain	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal, aon cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde</p> <p>Nòta: Chaidh an treas inneal, co-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP), a tharraing air ais rè ùine mar inneal-smàlaidh pumpaidh agus chaidh obrachadh mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte.</p>	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal-smàlaidh agus carbad teasairginn aig àirde sònraichte</p>	<p>Tarraing air ais dà inneal-smàlaidh gu maireannach agus inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte a chur an àite a' cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde.</p>
Gleann Rathais	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal (Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023.)</p>	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p>	
Loch Geallaidh	<p>Sgioba làn-ùine: dà inneal</p>	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p>	

Buannachdan

- An dàrna inneal-smàlaidh ga chur air ais ann am Meadh-chill.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £2.4 millean ann an cosgais ruith bhliadhnailean

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an dàrna agus an treas inneal-smàlaidh beagan nas fhaide san sgìre ionadail.

4.2.3. Crìochan na h-Alba

Tha aon roghainn ann a tha a' buntainn ri dà stèisean-smàlaidh.

- Galashiels
- Hawick

Roghainn

- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson a' chiad inneal-smàlaidh aig Hawick, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f. Gheibheadh iad taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan amannan sin. Bhiodh an dàrna inneal-smàlaidh fhathast ga ruith le luchd-smàlaidh air fuireachas; AGUS
- Cuir bun-sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine ann an Galashiels. Dh'fhaodte an cleachdadadh gu ro-innleachdach air feadh na sgìre tron latha nuair as duilghe a tha e luchd-smàlaidh air fuireachas fhaighinn. Chuireadh seo ris an dà inneal-smàlaidh a th' ann mar-thà, fear le sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba de luchd-smàlaidh air fuireachas.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha an dàrna iarrtas as ìsle aig Hawick de na stèiseanan coltach ris aig a bheil dà inneal.

A-mach às an dà inneal-smàlaidh aig Hawick, tha aon le sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba de luchd-smàlaidh air fuireachas. Tha an t-iarrtas nas coltaiche ris na stèiseanan air fuireachas as trainge ann an àiteachan eile ann an Alba.

Tha RAAC ann am mullach stèisean Hawick agus feumar a chàradh sa bhad. Chan urrainn dhuinn tùiseachadh air obair càraidh gus an tèid co-dhùnadha dhèanamh air rèiteachadh an stèisein agus an siostam dleastanais.

Tha Galashiels ann an suidheachadh air leth math gus taic a thoirt do faotainneachd luchd-smàlaidh air fuireachas air feadh na sgìre.. Chaidh cosgais ùrachadh a dhèanamh air an stèisean a mheas aig timcheall air £3.6 millean.

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Galashiels	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p> <p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p>	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p> <p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p> <p>Goireas a bharrachd: aon bhuidheann de luchd-smàlaidh làn-ùine sioft-latha, air an cur gu ro-innleachdach gu stèiseanan air fuireachas air feadh na sgìre</p>	<p>Ùraich stèisean-smàlaidh</p> <p>Atharraich pàtran shioftaichean</p> <p>Faotainneachd nas fheàrr de luchd-smàlaidh air fuireachas</p> <p>Lìbhrigeadh obair casg nas fheàrr</p>
Hawick	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Sgioba làn-ùine (sioft-latha): aon inneal-smàlaidh (le	

OIFIGEIL

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
	Sgioba air fuireachas: aon inneal	taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin) Sgioba air fuireachas: aon inneal	

Buannachdan

- Tha dàta a' toirt taic do dh'atharrachadh gu siostam sioft-latha airson luchd-smàlaidh làn-ùine ann an Hawick, nuair a tha iad nas dualtaiche a bhith air an gairm gu èiginn agus nuair a tha e duilich luchd-smàlaidh air fuireachas fhaighinn. Bhiodh seo a' maidseadh ghoireasan ri cunnart agus iarrtas.
- Thèid mullach RAAC a chàradh aig Hawick agus thèid an stèisean ùrachadh.
- Bhiodh buidheann de luchd-obrach làn-ùine aig Galashiels air an cur gu stèiseanan air fuireachas san sgìre gus solar a chumail suas tron latha agus casg nas fheàrr a lìbhrigeadh.
- Dh'fhaodte mu 12 luchd-obrach a għluasad gu dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaiddh.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £478k ann an cosgaisean ghoireasan.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneil nas fhaide taobh a-muigh uairean sioft-latha ann an sgìre Hawick.

4.3. Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis a Tuath

Tha an Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis a Tuath a' còmhach Baile Obar Dheathain, Siorrachd Obar Dheathain, Moireibh, Dùn Dè, Aonghas, Peairt agus Ceann Rois, na h-Eileanan Siar, Arcaibh, Sealainn agus a' Ghàidhealtachd.

Tha trì roghainnean ann airson atharrachadh ann an Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis a Tuath.

4.3.1. Baile Dhùn Dè agus Monadh Fotha

Tha dà roghainn air am moladh airson Baile Dhùn Dè agus Monadh Fotha a tha a' toirt a-steach dà stèisean-smàlaidh.

- Baile Mosaidh
- Kingsway East

Roghainn 1

- Dùin stèisean-smàlaidh Baile Mosaidh aig a bheil aon inneal-smàlaidh làn-ùine agus aon inneal-smàlaidh air fuireachas an-dràsta; AGUS
- Cuir an dùrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Kingsway East air ais a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

Roghainn 2

- Thoir air falbh inneal-smàlaidh làn-ùine agus cum aon inneal-smàlaidh air fuireachas aig Baile Mosaidh; AGUS
- Cuir an dùrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Kingsway East air ais a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Chaidh an dùrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Kingsway East a tharraing air ais rè ùine san t-Sultain 2023. Tha feum air fuasgladh co-ionann maireannach a-nis.

OIFIGEIL

Cha robh stèisean Baile Mosaidh ri fhaighinn aig àm an tarraing air ais sealach seo. Tha an dàta againn a' sealltainn gum biodh Baile Mosaidh na bu fhreagarracha airson tarraing air ais inneil no dùnadhl maireannach, agus nan deigheadh an dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine a chur air ais ann an Kingsway East gum biodh sin freagarrach gu leòr airson an sgìre a fhrithealadh.

Tha Baile Mosaidh ann an droch shuidheachadh air lìonra nan rathaidean a tha a' cuingealachadh nan raointean obrachaidh a bhios e a' còmhach mar as trice.

Is e an t-iarrtas aig Baile Mosaidh an ceathramh as ionic de na stèiseanan uile ann an Alba leis an aon ìre de ghoireasan.

Roghainn 1

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
Baile Mosaidh	Sgioba làn-ùine: aon inneal Sgioba air fuireachas: aon inneal	Luchd-obrach rin ath- shuidheachadh, ath-thrèanadh no gluasad	Dùin an stèisean- smàlaidh Dàrna inneal- smàlaidh làn-ùine ga chur air ais ann an Kingsway East

Buannachdan

- Ìre ghoireasan iomchaidh a rèir iarrtas ionadail.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh de £1.3 millean ann an cosgais ruith bhliadhnaill.
- Cothrom air teachd-a-steach de £600,000 bho reic làrach Bhaile Mosaidh.
- Chuireadh an roghainn seo an dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine air ais ann an Kingsway East a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.
- Timcheall air còignear luchd-obrach gan gluasad gu dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaidh.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneal-smàlaidh nas fhaide ann an sgìre Bhaile Mosaïdh
- Dh'fhaodadh gum feumar cur às do dhreuchdan luchd-obrach air fuireachas nach b' urrainn ath-shuidheachadh a dhèanamh.

Roghainn 2

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
Baile Mosaïdh	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p> <p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p>	<p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p>	<p>Tarraing air falbh gu maireannach aon inneal-smàlaidh làn-ùine.</p> <p>Luchd-obrach rin ath-shuidheachadh, ath-thrèanadh no gluasad</p>

Buannachdan

- Ìre ghoireasan iomchaidh a rèir iarrtas ionadail air feadh taobh an ear baile Dhùn Dè.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £1.1 millean ann an cosgais ruith bhliadhnailearson dìreach Baile Mosaïdh fhèin.
- Timcheall air còignear luchd-obrach gan gluasad no ath-shuidheachadh gu dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaidh.
- An dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Kingsway East a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023 ga chur air ais.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneal-smàlaidh nas fhaide anns an sgìre ionadail.

- Tha an stèisean-smàlaidh fhathast ann an droch shuidheachadh air lìonra nan rathaidean agus bidh an t-iarrtas air fuireachas ìosal.

4.3.2. Peairt is Ceann Rois

Tha aon roghainn ann a tha a' buntainn ri aon stèisean-smàlaidh.

- Peairt

Roghainn

- Cuir inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte an àite an treas inneal-smàlaidh, a tha na cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP). Chaidh an treas inneal-smàlaidh (CARP) a thoirt air falbh rè ùine agus inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde a chur na àite san t-Sultain 2023.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha iarrtas Pheairt, le trì innealan làn-ùine, nas ìse na a' mhòr-chuid de stèiseanan le dà inneal-smàlaidh làn-ùine.

Tha modaileadh a' sealltainn gum biodh dà inneal-smàlaidh a rèir cunnart agus iarrtas ionadail. 'S e co-inneal pumpa teasairginn aig àirde an treas carbad, a thèid uile a thoirt à seirbheis mean air mhean agus innealan teasairginn aig àirde sònraichte a chur nan àite, stèidhichte ann an àiteachan taghte air feadh na h-Alba. Chaidh an treas inneal-smàlaidh a chur an sàs rè ùine mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte san t-Sultain 2023 agus tha feum air fuasgladh maireannach.

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Peairt	Sgiobaidhean làn-ùine: trì innealan	Sgioba làn-ùine: dà inneal-smàlaidh agus carbad	Cuir inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
	Nòta: Chaidh an treas inneal, co-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP), a tharraing air ais rè ùine mar inneal-smàlaidh pumpaidh agus chaidh obrachadh mar inneal-teasargainn aig àirde sònraichte.	teasairginn aig àirde sònraichte	an àite a' cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde

Buannachdan

- Goireasan obrachaidh a rèir cunnart agus iarrtas ionadail.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £639,000 ann an cosgais ruith bhliadhnaill.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an treas inneal-smàlaidh nas fhaide anns an sgìre ionadail.

4.4. Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an lar

Tha Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an lar a' còmhdaich Baile Ghlaschu, Siorrachd Àir an Ear, Siorrachd Àir a Tuath, Siorrachd Àir a Deas, Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh, Siorrachd Rinn Friù an Ear, Siorrachd Rinn Friù, Inbhir Chluaidh, Siorrachd Dhùn Breatann an Ear, Siorrachd Dhùn Breatann an lar, Earra-Ghàidheal is Bòd agus Siorrachd Lannraig.

Tha ochd roghainnean ann airson atharrachadh ann an Sgìre Lìbhrigeadh Seirbheis an lar.

4.4.1. Earra-Ghàidheal is Bòd

Tha aon roghainn ann a tha a' buntainn ri aon stèisean-smàlaidh.

- Baile Eilidh

Roghainn

- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson a' chiad inneal-smàlaidh aig Baile Eilidh, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiliuin gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le luchd-smàlaidh air fuireachas aig amannan eile. Bhiodh an dàrna inneal-smàlaidh air fuireachas gun atharrachadh.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha an t-iarrtas as ìsle aig Baile Eilidh de na stèiseanan coltach ris aig a bheil dà inneal-smàlaidh.

Tha dà inneal-smàlaidh aig Baile Eilidh – aon le sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba de luchd-smàlaidh air fuireachas. Tha an t-iarrtas nas coltaiche ris na stèiseanan air fuireachas
as trainge ann an àiteachan eile ann an Alba.

Tha RAAC ann am mullach stèisean Bhaile Eilidh agus chan urrainn dhuinn tòiseachadh air obair càraigd gus an tèid co-dhùnad a dhèanamh air rèiteachadh an stèisein agus an siostam dleastanais. Thèid an stèisean ùrachadh le goireasan sunnd iomchaidh leithid frasan is taighean-beaga aon-neach a bharrachd air goireasan smachd truaillidh.

Nì atharrachadh san t-siostam dleastanais cinnteach gum bi freagairt obrachaidh ann nuair as mothà an t-iarrtas.

OIFIGEIL

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
Baile Eilidh	<p>Sgioba làn-ùine: aon inneal</p> <p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p>	<p>Sgioba làn-ùine (sioft-latha): aon inneal-smàlaidh (le taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin)</p> <p>Sgioba air fuireachas: aon inneal</p>	<p>Ùraich stèisean-smàlaidh</p> <p>Atharraich am modail sgioba airson luchd-smàlaidh</p>

Buannachdan

- Goireasan a rèir iarrtas.
- Bhiodh sgioba làn-ùine ri fhaighinn aig àm an iarrtais as àirde agus bhiodh iad a' libhrigeadh ghniomhachdan casg tron latha.
- Dheigheadh mu 17 luchd-obrach a ghluasad gu dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaидh.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £694,000 ann an cosgais ruith bhliadhnaill
- Thèid RAAC sa mhullach a chàradh agus thèid an stèisean ùrachadh.
- Cothroman cosnaidh air fuireachas a bharrachd anns an sgìre.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneil nas fhaide taobh a-muigh uairean sioft-latha anns an sgìre.

4.4.2. Siorrachd Dhùn Bhreatann an Ear

Tha aon roghainn ann a tha a' buntainn ri aon stèisean-smàlaidh.

- Muileann Ghaidh

Roghainn

- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson an inneal-smàlaidh aig Muileann Ghaidh, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le luchd-smàlaidh air fuireachas aig amannan eile.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha an t-iarrtas as ìsle aig Muileann Ghaidh de na stèiseanan uile ann an Alba aig a bheil aon inneal-smàlaidh làn-ùine stèidhichte annta. Bidh atharrachadh air a' mhodail sgioba a' ciallachadh gum bi goireasan a rèir cunnart ionadail.

Tha RAAC ann am mullach stèisean Bhaile Ghaidh agus chan urrainn dhuinn tòiseachadh air obair càraidh gus an tèid co-dhùnadha a dhèanamh air rèiteachadh an stèisein agus an siostam dleastanais. Thèid an stèisean ùrachadh le goireasan dì-thruaillidh agus goireasan sunnd iomchaidh leithid frasan is taighean-beaga aon-neach.

Nì atharrachadh san t-siostam dleastanais cinnteach gum bi freagairt obrachaidh ann nuair as motha an t-iarrtas, agus gun tèid goireasan casg a chumail a' dol.

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Muileann Ghaidh	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Sgioba làn-ùine (sioft latha): aon inneal-smàlaidh (le taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin)	Ùraich stèisean smàlaidh Atharraich am modail sgioba airson luchd-smàlaidh

Buannachdan

- Goireasan a rèir iarrtas.
- Bhiodh sgioba làn-ùine ri fhaighinn nuair bu mhotha an t-iarrtas tron latha agus bhiodh iad a' cumail suas lìbhrigeadh gnìomhachdan casg.
- Dheigheadh mu 17 luchd-obrach a ghluasad gu dreuchdan cudromach eile thar tràeanadh, casg agus foghainteachd obrachaидh.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £676,000 ann an cosgais ruith bhliadhnaill
- Thèid RAAC sa mhullach a chàradh agus thèid an stèisean ùrachadh.
- Cothroman cosnaidh air fuireachas a bharrachd anns an sgìre.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneil nas fhaide taobh a-muigh uairean siort latha anns an sgìre.

4.4.3. Glaschu

Tha dà roghainn ann do Ghlaschu tha a' toirt a-steach còig stèiseanan-smàlaidh.

- Cnoc Màiri
- Yorkhill
- Baile Ghobhainn
- Allt an Fhuarain
- Cowcaddens

Roghainn 1

- Ath-thog Cowcaddens air làrach Sràid Maitland agus cùm dà inneal-smàlaidh làn-ùine. Cuir air ais an dàrna inneal-smàlaidh a chaidh a thoirt air falbh san t-Sultain 2023, AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Baile Ghobhainn bho dhà gu aon. Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023; AGUS

OIFIGEIL

- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Allt an Fhuarain bho dhà gu aon; AGUS
- Dùin Yorkhill aig a bheil aon inneal-smàlaidh làn-ùine stèidhichte ann; AGUS
- Cuir an dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Cnoc Màiri air ais a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

Roghainn 2

- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Baile Ghobhainn bho dhà gu aon. Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023; AGUS
- Dùin Cowcaddens aig a bheil dà inneal-smàlaidh làn-ùine stèidhichte ann. AGUS Cùm seilbh air làrach Shràid Maitland faisg air làimh airson leasachadh san àm ri teachd; AGUS
- Cuir an dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine aig Cnoc Màiri air ais a chaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha mòran ghoireasan ann am baile Glaschu agus an sgìre nas fharsainge.

Gu sònraichte, tha an uiread mu mheadhan a' bhaile a' riochdachadh na dùmhachd chruinn-eòlasaich as àirde de stèiseanan agus innealan làn-ùine ann an àite sam bith ann an Alba.

Tha seo a' gabhail a-steach còig stèiseanan-smàlaidh coimhearsnachd agus naoi innealan làn-ùine, a tha a' riochdachadh cus solair an taca ri sgìrean bailteil mòra eile ann an Alba.

Chaidh trì innealan a thoirt air falbh rè ùine ann an Glaschu san t-Sultain 2023. Bha seo a' toirt a-steach an dàrna inneal-smàlaidh aig Baile Ghobhainn, Cowcaddens agus Cnoc Màiri. Cha deach beachdachadh air stèiseanan le aon inneal-smàlaidh leithid Yorkhill aig an àm sin. Tha feum air fuasgladh co-ionann maireannach a-nis.

OIFIGEIL

Feumar ath-chothromachadh a dhèanamh air goireasan air feadh Ghlaschu gus coinneachadh ris an iarrtas, agus aig an aon àm coinneachadh ris na riatanasan airson trì innealan a thoirt air falbh gu maireannach.

Tha modaileadh a' sealltainn gum faodadh sgìre freagairt Cowcaddens a bhith air a chòmhdaidh gu h-èifeachdach le Calton, Cnoc Màiri, Allt an Fhuarain agus Yorkhill.

Roghainn 1

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaيدh
Cowcaddens	Sgioba làn-ùine: dà inneal (Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023)	Sgioba làn-ùine: dà inneal	
Baile Ghobhainn	Sgioba làn-ùine: dà inneal ((Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023)	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Ath-thog an stèisean-smàlaidh Thoir air falbh trì innealan-smàlaidh Dùin an stèisean smàlaidh
Allt an Fhuarain	Sgioba làn-ùine: dà inneal	Sgioba làn-ùine: aon inneal	
Yorkhill	Sgioba làn-ùine: aon inneal		

Buannachdan

- Ath-chothromachadh ghoireasan air feadh baile Ghlaschu.
- An dàrna inneal-smàlaidh aig Cnoc Màiri agus Cowcaddens gan cur air ais às dèidh an toirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

OIFIGEIL

- Luchd-obrach Allt an Fhuarain agus Yorkhill rin ath-shuidheachadh no rin gluasad.
- Timcheall air còignear luchd-obrach a bharrachd gan gluasad gu dreuchdan cudromach eile ann an trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaidd - sàbhaladh agus ath-riarachadh de £458,000.
- Cothrom air £2 millean de theachd-a-steach calpa bho reic làrach Yorkhill le timcheall air £5 millean de thasgadh seilbh air a sheachnadh.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneal-smàlaidh nas fhaide ann an sgìre Yorkhill agus amannan freagairt an dàrna inneal-smàlaidh nas fhaide ann an sgìrean Bhaile Ghobhainn agus Allt an Fhuarain.

Roghainn 2

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaiddh
Cowcaddens	Sgioba làn-ùine: dà inneal ((Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023))	Cùm làraich ri thaobh airson ath-thogail san àm ri teachd.	Thoir air falbh trì innealan-smàlaidh
Baile Ghobhainn	Sgioba làn-ùine: dà inneal ((Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023))	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Dùin an stèisean smàlaidh

Buannachdan

- Ath-chothromachadh ghoireasan air feadh baile Ghlaschu.

- Timcheall air £10 millean de thasgadh seilbh air a sheachnad airson ath-thogail Cowcaddens.
- Cùm seilbh air làrach Sràid Maitland ann an Cowcaddens airson leasachadh san àm ri teachd.
- Timcheall air còignear luchd-obrach a bharrachd gan gluasad gu dreuchdan cudromach eile ann an trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaидh - sàbhaladh agus ath-riarachadh de thimcheall air £458,000.
- Dheigheadh an dàrna inneal-smàlaидh aig Cnoc Màiri a chur air ais às dèidh dha a bhith air a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023 - is dòcha air a ruith le mu 20 neach-obrach air an leigeil ma sgaoil bho Cowcaddens.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt a' chiad inneal-smàlaидh nas fhaide ann an sgìre Cowcaddens agus amannan freagairt an dàrna inneal-smàlaидh nas fhaide ann an sgìre Bhaile Ghobhainn.

4.4.4. Inbhir Chluaidh

Tha dà roghainn ann don sgìre seo tha a' toirt a-steach dà stèisean-smàlaидh.

- Grianaig
- Port Ghlascu

Roghainn 1

- Cuir inneal-smàlaидh teasairginn aig àirde sònraichte an àite an dàrna inneal-smàlaидh làn-ùine aig Grianaig, a tha na cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP). Tha an dàrna inneal-smàlaидh (CARP) air a bhith ag obair mar inneal-smàlaидh teasairginn aig àirde sònraichte rè ùine bho Sultain 2023.

Roghainn 2

- Cuir inneal-smàlaидh teasairginn aig àirde sònraichte an àite an dàrna inneal-smàlaидh làn-ùine aig Grianaig, a tha na cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde (CARP). Tha an dàrna inneal-smàlaидh (CARP) air a bhith ag obair mar

OIFIGEIL

inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte rè ùine bho Sultain 2023;

AGUS

- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson an treas inneal-smàlaidh aig Grianaig, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh air fuireachas. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le luchd-smàlaidh air fuireachas aig amannan eile. Bhiodh a' chiad inneal-smàlaidh làn-ùine gun atharrachadh; AGUS
- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson a' chiad inneal-smàlaidh aig Port Ghlaschu, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft an latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le air fuireachas aig amannan eile. Bhiodh an dàrna inneal-smàlaidh air fuireachas gun atharrachadh.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha mi-chothromachadh ghoireasan againn an-dràsta air feadh Inbhir Chluaidh far nach eil an t-iarrtas a rèir an àite far a bheil na h-innealan againn stèidhichte.

Tha trì innealan aig Grianaig an-dràsta, dhà le sgioba làn-ùine agus aon le seirbheis air fuireachas. 'S e co-inneal pumpa teasairginn aig àirde a th' anns an dàrna fear làn-ùine – ris an canar CARP.

Tha an t-iarrtas airson an inneil seo glè ìosal, agus tha sinn a' cur innealan teasairginn aig àirde sònraichte (HRA) an àite a h-uile CARP air feadh na h-Alba.

Chaidh an CARP a tharraing air ais rè ùine mar inneal-smàlaidh pumpaidh agus chaidh a chur an gnìomh mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte san t-Sultain 2023. Tha feum air fuasgladh co-ionann maireannach a-nis.

Is e an t-iarrtas aig Grianaig an dàrna as ìse de na stèiseanan-smàlaidh uile le trì innealan, agus tha e nas ìse na a' mhòr-chuid de stèiseanan le dà inneal-smàlaidh làn-ùine.

Roghainn 1

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Grianaig	<p>Trì innealan (Dhà le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus aon le sgioba luchd-smàlaidh air fuireachas. Chaidh an dàrna CARP làn-ùine a tharraing air ais rè ùine mar inneal-smàlaidh pumpaidh agus chaidh a chur an gnìomh mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte bho 2023.)</p>	<p>Dà inneal (Aon le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba air fuireachas)</p> <p>Aon charbad teasairginn aig àirde sònraichte (Le sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine)</p>	<p>Cuir inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte an àite a' cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde.</p>

Buannachdan

- Goireasan a rèir iarrtas san sgìre.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £426,000 ann an cosgais ruith bhliadhnaill.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an dàrna inneal-smàlaidh ann an Grianaig beagan nas fhaide.

Roghainn 2

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Grianaig	Trì innealan (Dhà le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus aon le sgioba air fuireachas. Chaidh an dàrna CARP làn-ùine a tharraing air ais rè ùine mar inneal pumpaidh agus chaidh a chur an gniomh mar inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte bho 2023.)	Dà inneal (Aon le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba air fuireachas) Aon charbad teasairginn aig àirde sònraichte (Le sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine)	Cuir inneal-smàlaidh teasairginn aig àirde sònraichte an àite a' cho-inneal pumpa teasairginn aig àirde.
Port Ghlaschu	Dà inneal (Aon le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba air fuireachas)	Dà inneal-smàlaidh (Aon le sgioba luchd-smàlaidh sioft-latha, le taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin, agus aon le sgioba de luchd-smàlaidh air fuireachas)	Inneal-smàlaidh air fuireachas air a leasachadh gu làn-ùine rè sioft-latha.

Buannachdan

- Bidh an roghainn seo ag ath-chothromachadh ghoireasan air feadh Inbhir Chluaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-smàlaidh làn-ùine rim faighinn rè nan uairean as trainge tron latha, gus taic a thoirt do Ghurraig faisg air làimh, agus gus co-thaobhadh nas fheàrr ri cunnart is iarrtas ionadail agus coimeasan naiseanta.

- A' cumail suas sgioba làn-ùine aig àm an iarrtais as àirde tron latha.
- Timcheall air 11 luchd-obrach gan ath-shuidheachadh ann an dreuchdan cudromach eile thar trèanadh, casg agus foghainteachd obrachaидh.
- Lughdachadh de mu £815,000 ann an cosgaisean ruith.
- A' leigeil le Grianaig taic a thoirt do Ghurraig a' dèiligeadh ri tachartasan tron latha agus le obair sàbhailteachd coimhearsnachd.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an dàrna inneal-smàlaidh ann an Grianaig beagan nas fhaide.

4.4.5. Siorrachd Lannraig

Tha làr roghainn ann airson na sgìre seo a' dol thairis air Siorrachd Lannraig a Tuath agus a Deas anns a bheil ceithir stèiseanan-smàlaidh.

- Comar nan Allt
- Hamaltan
- Bellshill
- LiosMoFhèige

Roghainn 1

- Siostam dleastanas ùr ga thoirt a-steach airson an dàrna inneal-smàlaidh aig Comar nan Allt, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft an latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le air fuireachas aig amannan eile. Bhiodh a' chiad inneal-smàlaidh làn-ùine gun atharrachadh; AGUS
- Lughdaich an àireamh de dh'innealan làn-ùine aig Hamaltan bho dhà gu aon. Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a thoirt air falbh rè ùine san t-Sultain 2023.

Roghainn 2

- Siostam dleastanas ùr ga thoirt a-steach airson an dàrna inneal-smàlaidh aig Comar nan Allt, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an

OIFIGEIL

t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft an latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f agus le air fuireachas aig amannan eile. Bhiodh a' chiad inneal-smàlaidh làn-ùine gun atharrachadh; AGUS

- Siostam dleastanais ùr ga thoirt a-steach airson an dàrna inneal-smàlaidh aig Hamaltan, a tha an-dràsta ga ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f. Bhiodh a' chiad inneal-smàlaidh làn-ùine gun atharrachadh; AGUS
- Cuir inneal-smàlaidh làn-ùine a bharrachd ann am Bellshill gus an stèisean a mheudachadh gu dà inneal. Bhiodh an t-inneal sin air a ruith le luchd-smàlaidh làn-ùine rè uairean sioft-latha bho Dhiluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f. Bhiodh a' chiad inneal-smàlaidh làn-ùine gun atharrachadh; AGUS
- Cuir bun-sgioba de luchd-smàlaidh làn-ùine ann an LiosMoFhèige. Faodar an cleachdad gu ro-innleachdach air feadh na sgìre tron latha nuair as duilghe a tha e luchd-smàlaidh air fuireachas fhaighinn. Chuireadh seo ris an aon inneal-smàlaidh a th' ann mar-thà ga ruith le luchd-smàlaidh air fuireachas.

An t-adhbhar a dh'fheumas sinn atharrachadh:

Tha mi-chothromachadh ghoireasan againn an-dràsta air feadh Siorrachd Lannraig far nach eil an t-iarrtas a rèir an àite far a bheil na h-innealan againn stèidhichte.

Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh làn-ùine a tharraing a-mach à Hamilton rè ùine san t-Sultain 2023 agus tha feum air fuasgladh co-ionann maireannach a-nis.

Tha buaidh aig RAAC air an stèisean-smàlaidh againn ann an Comar nan Allt cuideachd agus feumar a chàradh sa bhad. Chan eil e comasach an stèisean a chàradh leis gu bheil dà inneal-smàlaidh làn-ùine ann an-dràsta. Chan eil e comasach an-dràsta stèisean Chomar nan Allt ath-thogail air làrach eile leis nach eil làrach iomchaidh ri fhaighinn, no an stèisean a leagail agus ath-thogail far a bheil e an-dràsta.

OIFIGEIL

Ann an Comar nan Allt, tha a' chùis nas iom-fhillte air sgàth cho chuibhrichte 's a tha an làrach agus lorg-coise an togalaich. Chan eil e comasach an RAAC a chàradh agus dà inneal-smàlaidh làn-ùine le sgioba a chumail a' ruith. Dh'adhbhraigheadh a leagail agus ath-thogail troimh-a-chèile mòr ann an obair an stèisein, oir dh'fheumte stèisean sealach cosgail a chruthachadh. Nan deigheadh modail sgioba aon de na h-innealan atharrachadh gu sioft-latha, leigeadh sin le obair càraidh tòiseachadh gun a bhith a' gluasad gu làrach sealach.

Tha an t-iarrtas aig Comar nan Allt nas coltaiche ri stèiseanan eile air feadh na h-Alba le nas lugha de ghoireasan.

Le bhith ag atharrachadh aon de na h-innealan aig Comar nan Allt gu siostam sioft-latha, dhèanadh sin cinnteach gum biodh goireasan a rèir cunnart agus iarrtas, agus aig an aon
àm b' urrainnear am mullach RAAC a chàradh.

Roghainn 1

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Comar nan Allt	Sgioba làn-ùine: dà inneal	Dà inneal-smàlaidh (aon le sgioba làn-ùine agus aon le sgioba sioft-latha le taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin)	Ùraich stèisean smàlaidh Thoir air falbh aon inneal-smàlaidh Atharraich am modail sgioba airson luchd-smàlaidh
Hamaltan	Sgioba làn-ùine: dà inneal (Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a	Sgioba làn-ùine: aon inneal	

OIFIGEIL

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaidh
	tharraing air ais rè ùine bho 2023)		

Tha an roghainn seo a' ciallachadh gum bi an t-inneal air a tharraing air ais gu maireannach ann an Hamilton. Bidh e cuideachd a' toirt a-steach modail sgioba ùr aig Comar nan Allt gus coinneachadh ri cunnart agus iarrtas, agus aig an aon àm a' leigel le càradh tachairt air mullach RAAC an stèisein.

Buannachdan

- Bidh goireasan a rèir iarrtas san sgìre aig na h-amannan as trainge, bithear cinnteach à sgioba agus a' lìbhrigeadh gnìomhachd casg.
- A' fuasgladh cùis RAAC aig Comar nan Allt; timcheall air £5 millean de thasgadh seilbh air a sheachnad.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh de mu £1.3 millean ann an cosgais ruith bhliadhnailean.
- Timcheall air 14 luchd-obrach gan ath-shuidheachadh ann an dreuchdan cudromach eile thar tràeanadh, casg agus foghainteachd obrachaidh
- Cothroman cosnaidh air fuireachas air an cruthachadh ann an sgìre Chomar nan Allt.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt an dàrna inneil nas fhaide taobh a-muigh uairean an siost-latha ann an sgìre Chomar nan Allt.
- Amannan freagairt an dàrna inneal-smàlaidh nas fhaide ann an sgìre Hamaltain.

OIFIGEIL

Roghainn 2

Stèisean(an)-smàlaidh	Goireasan Làithreach	Goireasan a thathar a' moladh	Buaidh an atharrachaидh
Comar nan Allt	Sgioba làn-ùine: dà inneal	Dà inneal-smàlaidh (aon le sgioba làn-ùine agus aon le sgioba sioft-latha le taic bho luchd-smàlaidh air fuireachas taobh a-muigh nan uairean sin)	
Hamaltan	Sgioba làn-ùine: dà inneal (Chaidh an dàrna inneal-smàlaidh a tharraing air ais rè ùine bho 2023)	Dà inneal (Aon le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba luchd-smàlaidh sioft-latha)	Ùraich stèisean smàlaidh Ath-riaraich innealan-smàlaidh
Bellshill	Sgioba làn-ùine: aon inneal	Dà inneal (Aon le sgioba luchd-smàlaidh làn-ùine agus am fear eile le sgioba luchd-smàlaidh sioft-latha)	Atharraich am modail sgioba airson luchd-smàlaidh
LiosMoFhèige	Sgioba air fuireachas: Aon inneal-smàlaidh	Aon inneal-smàlaidh le sgioba luchd-smàlaidh air fuireachas (sgioba làn-ùine a bharrachd air a chleachdadhe rè uairean sioft-latha gus taic a thoirt don sgìre nas fharsainge)	

Tha an roghainn seo a' tabhann fuasgladh maireannach co-ionann ri tarraing air ais an inneal-smàlaidh rè ùine ann an Siorrachd Lannraig san t-Sultain 2023. Bidh e cuideachd a' freagradh siostam dleastanais ùr aig Comar nan Allt gus coinneachadh ri cunnart agus iarrtas, agus aig an aon àm a' leigeil le càradh tachairt air mullach RAAC an stèisein. Thèid goireasan ath-riarachadh air feadh Hamilton, Bellshill agus LiosMoFhèige gus solar a leasachadh tron an latha eadar Diluain is Dihaoine nuair as àirde an t-iarrtas.

Buannachdan

- Bidh goireasan a rèir iarrtas san sgìre aig na h-amannan as trainge, agus bithear a' leasachadh gnìomhachd casg.
- A' fuasgladh cùis RAAC aig Comar nan Allt.
- Lughdachadh agus ath-riarachadh timcheall air £503,000 ann an cosgais ruith bhliadhnailean.
- Leasachadh ann an obair air fuireachas air feadh Siorrachd Lannraig a Deas.
- Cothroman cosnaidh air fuireachas air an cruthachadh ann an sgìre Chomar nan Allt.

Eas-bhuannachdan

- Amannan freagairt cuibheasach nas fhaide airson dàrna innealan-smàlaidh taobh a-muigh uairean sioft-latha ann an sgìrean Comar nan Allt agus Hamaltain.

5. Fiosrachadh a bharrachd

5.1. Beag-fhaclair

Luchd-smàlaidh air fuireachas: bidh iad ag obair nuair a bhios feum orra agus gheibh iad rabhadh tro shiostam pèidseir nuair a bhios iad saor airson obair. Mar as trice bidh obraichean eile aca sa choimhearsnachd agus bidh iad a' cothromachadh an dà dhreuchd.

Luchd-smàlaidh làn-ùine: bidh iad ag obair làn-ùine airson Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba air pàtran sioft, mar as trice ag obair dà latha is dà oidhche agus a' gabhail ceithir latha dheth. Ach tha molaidhean a' toirt a-steach siostam sioft ùr a bheir cothrom do luchd-smàlaidh ann an cuid de sgìrean obrachadh uairean sioft-latha Diluain gu Dihaoine eadar 8m agus 6f.

Bun-sgioba: sgioba de luchd-obrach leis na sgilean agus an t-eòlas gus an gabh an cleachdad a rèir iarrtais ann an stèiseanan air fuireachas airson taic a thoirt do sholar innealan agus gus gnìomhan casg a lìbhrigeadh.

Inneal-smàlaidh: canar einnsean-smàlaidh, no pumpa, ri seo gu tric, agus bidh e a' freagairt ri suidheachaidhean èiginn. Feumaidh co-dhiù ceathrar luchd-smàlaidh a bhith san inneal-smàlaidh mus tèid a għluasad gu tachartas. Bidh e a' giùlan àraídhean uisge agus uidheamachd teasairginn leasaichte.

Inneal teasairginn aig àirde: inneal-smàlaidh sònraichte a dh'fhaodas ruighinn suas ri 32m ann an àirde le gàirdean hiodrolach. Faodar a chleachdad mar thùr uisge airson smàladh, agus airson ruigsinneachd agus teasairginn aig àirde.

Co-inneal pumpa teasairginn aig àirde: uidheamaichte le àrd-ùrlar hiodrolach 28m airson teasairginn aig àirde no air a chleachdad mar thùr uisge. Cuideachd a' giùlan uidheamachd teasairginn leasaichte airson tubaistean rathaid. Tha na carbadan seo gan cur à seirbheis mean air mhean agus teicneòlas nas ùire agus nas sònraichte do ghniomhan àraídhean gan cur nan àite.

5.2. Measadh Buaidh air Co-ionannachd agus Còraichean Daonna

Mar phàirt den phròiseas co-chomhairle phoblaich, tha sinn air Measadh Buaidh air Co-ionannachd agus Còraichean Daonna (EHRIA) a dhèanamh air gach moladh.

Bheir na h-EHRIAan seo taic don phròiseas co-dhùnaidh mu dhereadh le bhith a' comharrachadh na buaidh a dh'fhaodadh a bhith air coimhairsnachdan agus an luchd-obrach stèidhichte air diofar fheartan dhaoine, leithid an aois no ciorram.

Tha an teamplaid EHRIA againn a' toirt a-steach ar dleastanas measadh buaidh eileanach a dhèanamh agus far am buin moladh ri eilean bidh an EHRIA a' dèanamh coimeas eadar buaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air a' choimhairsnachd eileanach sin an taca ris a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air tìr-mòr no air eileanan eile.

Bidh an EHRIA a' cleachdadadh fianais bho raon farsaing de stòran a' gabhail a-steach fiosrachadh mu na coimhairsnachdan ionadail, an luchd-obrach, dàta lìbhrigeadh seirbheis agus fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh tro cho-chomhairlean.

Tha na EHRIAan nan sgrìobhainnean beò agus bithear gan sìor leasachadh gus an co-dhùin Bòrd Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba a bheil iad a' cur moladh an gnìomh no nach eil.

Bheir na EHRIAan fiosrachadh don Bhòrd mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig cur an gnìomh na roghainn atharrachaидh a thathar a' moladh agus faodaidh iad molaidhean a dhèanamh mu cheumannan lasachaidh far am faodadh droch bhuaidh èirigh.

5.4. Gabh pàirt sa cho-chomhairle phoblaich

Mairidh a' cho-chomhairle phoblach air an Ath-sgrùdadh Lìbhrigeadh Seirbheis aig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba dà sheachdain dheug bhon Ògmhios chun na Sultain 2025.

Faodar pàirt a ghabhail ann aig firescotland.gov.uk

Cumaidh sinn grunn coinneamhan poblach ann an àiteachan coimhairsnachd faisg air na stèiseanan-smàlaidh sin a tha anns na roghainnean airson atharrachadh. Bidh na coinneamhan seo fosigailte do bhuill a' phobaill agus do riochdairean buidhnean coimhairsnachd agus buidhnean treas roinne – leithid buidhnean co-ionannachd – a tha airson am beachdan a thoirt seachad.

Bidh neach-stiùridh neo-thaobhach bhon taobh a-muigh a' ruith nan coinneamhan. Nì seo cinnteach gu bheil còmhraidhean cothromach agus gu bheil cothrom aig a h-uile duine na beachdan aca a thoirt seachad.

Far a bheil roghainnean a' buntainn ri stèisean suidhichte ann an sgìrean dùthchail is eileanach iomallach, cumaidh sinn coinneamhan air-loidhne gus conaltradh ri uimhir de dhaoine ann an coimhairsnachdan ionadail 's a ghabhas.

Nuair a dhùineas a' cho-chomhairle againn san t-Sultain 2025, gabhaidh sinn ùine gus na toraidhean a sgrùdadh agus a mheasadh. Thèid aithisg gu Bòrd Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba airson co-dhùnadadh deireannach san Dùblachd 2025.

Tòisichidh cur an gnìomh roghainnean atharrachaид sam bith a thèid aontachadh leis a' Bhòrd ann an 2026.

5.5. Cruthan eile

Ma dh'fheumas sibh am fiosrachadh seo ann an cànan eile seach Beurla, no ann an cruth eadar-dhealaichte, leithid Braille no claisneachd, curiribh post-d gu:

SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk

5.4. Fios conaltraidh

Ma tha ceistean sam bith agaibh mu thaobh sam bith den cho-chomhairle phoblaich againn, curiribh fios thugainn aig SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk no curiribh fòn gu 07747 827283